

Co-chomhairle: Dreach Ro-innleachd Chorporra 2024-27 Comhairle nan Eilean Siar Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig 18 Dàmhair 2023	Consultation: Draft Corporate Strategy 2024-27 Comhairle nan Eilean Siar Response from Bòrd na Gàidhlig 18 October 2023
<p>Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' chothrom freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle air dreachd Ro-innleachd Chorporra ùraichte Comhairle nan Eilean Siar airson 2024-2027. Tha sinn a' cur fàilte air rùn an ath-sgrùdaidh gus na h-àrd-amasan, rùintean agus geallaidhean aig a' Chomhairle a chur an cèill.</p> <p>Ann a bhith ag obair leis a' Chomhairle bho chionn ghoirid gus ath-sgrùdadadh a dhèanamh air a' Phlana Ghàidhlig agaibh bha sinn air ar misneachadh leis an "amas déanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd mar sho-mhaoin eaonamach, sòisealta agus cultarail do na h-Eileanan an Iar." Tha tòna ro-innleachdail an dreachd Phlana Ghàidhlig aontaichte air a shuidheachadh mar a leanas:</p> <p>Tha Poileasaidh Ghàidhlig, Ro-innleachd Chorporra 2022-2027 agus Plana Ghàidhlig na Comhairle ag adhartachadh agus a' toirt taic do chleachdadadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Ghàidhlig anns na h-Eileanan an Iar. Mar a tha am Poileasaidh Ghàidhlig agus an Ro-innleachd Chorporra ag ràdh:</p> <p>Gum bu choir do Na h-Eileanan an Iar gu bunaiteach na choimhairsnachd dhà-chànanach far a bheil an aon ùghdarris aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mar mheadhanan conaltraidh.</p> <p>Ann an com-pàirteachas, tha a' Chomhairle dealasach gu stèidheachadh seasmhachd dhan Ghàidhlig agus a cultar san àm ri teachd ann an Innse Gall, agus gum bi Innse Gall air an aithneachadh agus taic air a chumail riutha le</p>	<p>Bòrd na Gàidhlig welcome the opportunity to respond to Comhairle nan Eilean Siar's draft updated Corporate Strategy 2024-2027. We welcome the intention of the review to state and communicate the ambition, aspirations, and commitments of the Comhairle.</p> <p>In working with the Comhairle recently to review your Gaelic Language Plan we were encouraged by the "aim to ensure that Gàidhlig has a sustainable future as an economic, social and cultural asset for the Western Isles." The strategic tone for the approved draft Gaelic Language Plan is set as follows:</p> <p>The Comhairle's Gaelic Policy, Corporate Strategy 2022-2027 and Gaelic Language Plan promote and support the use, learning and promotion of Gaelic in the Western Isles. As the Gaelic Policy and Corporate Strategy state, respectively:</p> <p>The Western Isles should be a fundamentally bilingual community, in which Gaelic and English have equal validity as languages of communication.</p> <p>The Comhairle, in partnership, is committed to creating a sustainable future for Gaelic language and culture in the Outer Hebrides and to ensuring that the Outer Hebrides are recognised and</p>



<p>buidhnean nàiseanta a thaobh buaidh air taic don Ghàidhlig, an dàimh ris a' chànan agus gu h-eacnamaigeach.</p>	<p>continue to be supported by national organisations for their contribution in support of Gaelic, linguistically and economically.</p>
<p>A bharrachd air sin, san t-Samhain 2022, chaidh Poileasaidh ùr "Gàidhlig mar Chiad Chànan" aontachadh leis a' Chomhairle, a tha a' nochdadh dealas soilleir gus feallsanachd Gàidhlig mar Phrìomh Chànan a bhrosnachadh anns gach raon de dh'obair na Comhairle, agus gus luach sòisealta, cultarail, eaconamach agus foghlaim na Gàidhlig do na h-Eileanan a bhrosnachadh. Gus am Poileasaidh seo a chur an gniomh, thathar an dùil gum bi a' Chomhairle na dheagh eisimpleir agus gun àrdaich i an àireamh luchd-obrach a chleachdas Gàidhlig gu in-ghabhalach agus gu làitheil.</p> <p>Mar a tha am Poileasaidh ag ràdh:</p>	<p>Furthermore, in November 2022, a new "Gaelic First" Policy was approved by the Comhairle, which makes a clear commitment to promoting a Gaelic First ethos in all areas of Comhairle operations, and promoting the social, cultural, economic, and educational value of Gaelic to the Isles. In order to implement this Policy, it is intended that the Comhairle will lead by example and increase the number of staff who use Gaelic on an inclusive and everyday basis.</p> <p>As the Policy states:</p>
<p>Tha dleastanas air a' Chomhairle a bhith a' sealltainn eisimpleir de dheagh chleachdadadh do bhuidhnean eile tro bhith a' brosnachadh cleachdadadh Gàidhlig an dà chuid ann an suidheachaidhean foirmeil agus coimhairsnachd. Tha seo a' ciallachadh gum feumar cleachdadadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an obair gu lèir na Comhairle, gu h-àraid ann an Seòmar na Comhairle, agus dèanamh cinnteach gu bheilear a' lìbhrigeadh sheirbheisean mu choinneamh a' phobaill gu dà-chànanach.</p>	<p>It is the Comhairle's duty to lead by example by focusing on encouraging the use of Gaelic in both formal and community settings. This means increasing the use of Gaelic in all areas of Comhairle operation, especially in the Comhairle Chamber, and ensuring that front-line services are available bilingually.</p>
<p>Ged a tha an Ro-innleachd ath-sgrùdaichte a' thoirt grunn iomraidhean air a' Ghàidhlig agus a cultar, chan eil seo a rèir cho cudromach 's a tha Gàidhlig dhan Chomhairle agus do na h-eileanan.</p> <p>Bhiodh e na bhuannachd dhan ro-innleachd iomradh soilleir a thoirt air a' Phlana Ghàidhlig agus Poileasaidh "Gàidhlig mar Chiad Chànan" agus Poileasaidh Gàidhlig agus nan robh gealltanasan ann gus an cur an gnìomh.</p>	<p>While the revised Strategy includes various references to Gàidhlig language and culture it does not reflect the strategic importance of Gàidhlig for the Comhairle and the islands. The strategy would benefit from clear references to, and commitments to deliver, the Gaelic Language Plan, the "Gaelic First" Policy and the Gaelic Policy.</p>
<p>Tha a' Chomhairle ann an suidheachadh gun choimeas gus buaidh a thoirt air cor na Gàidhlig san àm ri teachd. Tha iomradh san Ro-innleachd air "coimhairsnachdan a tha soirbheachail gu sòisealta agus gu h-eaconamach". Cuidichidh coimhairsnachdan soirbheachail le bhith a' glèidheadh agus a' thoirt fàs air sluagh agus, thar àine, le bhith a' cruthachadh pròfil deamografach nas</p>	<p>The Comhairle is uniquely positioned to impact on the future of Gàidhlig. The Strategy includes references to "socially and economically thriving communities". Thriving communities will help to secure population retention and growth and, over time, a more balanced demographic profile. This will help to sustain the Gàidhlig language in</p>



cothromaiche. Cuidichidh seo gus a' Ghàidhlig a chumail seasmhach anns na coimhersnachdan traidiseanta aice ach cha tachair seo ach a-mhàin ma tha a' Chomhairle deònach prìomh dleastanas stiùiridh a ghabhail os làimh mar as còir. Chan eil an ceannardas seo airson Coimhersnachdan agus airson na Gàidhlig ri fhaicinn san dreachd Ro-innleachd aig an ìre seo.

its heartland communities but only if the Comhairle publicly step up to assume their rightful leadership role. This leadership role for Communities and Gàidhlig is not currently reflected in the draft Strategy.



Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot

